

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

F

Total

--

**1220/401**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2011

DIARDAOIN, 26 CÈITEAN  
9.00 AM – 9.40 AM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Bun Ìre  
Leughadh

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--

Leugh gach pàirt den earrainn gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Comharraich bogsa  no sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**



## EARRANN

### Pàirt 1

#### An t-Eathar-iasgaich

Laigh Calum na leabaidh 's e gu math an-fhoiseil. Bha saor-làithean na sgoile gu bhith seachad agus 's e glè bheag a bha e air a dhèanamh annta. A-màireach, thòisich e an còigeamh bliadhna san sgoil "A' bhliadhna as cudromaiche nad bheatha," mar a chanadh a mhàthair.

Aig toiseach an t-samhraidh, bha e air iomadh tachartas a chur roimhe. A' bheinn a dhìreadh, a bhaidhsagal ùr a chleachdadh agus, gu h-àraidh, làithean a chur seachad air a' mhuir ann an eathar athar. Ach abair samhradh fliuch! Bha e air cha mhòr a h-uile latha a chaitheamh air beulaibh an telebhisein.

Chaidh e a-null chun na h-uinneige agus choimhead e a-mach. Bha a' mhuir gorm 's a' ghrian a' deàlradh os a cionn. Ruith e sìos an staidhre. Bha an taigh sàmhach. Feumaidh gun robh a phàrantan air falbh dhan obraichean. Thug e sùil air an uair 's cha b' urrainn dha a chreidsinn . . . bha e meadhan-latha! Gu cabhagach, thilg e na rudan àbhaisteach dha bhaga . . . biadh, deoch, aodach dìonach agus na stuthan iasgaich. Thog e a shlat bhon t-seada 's dh'fhalbh e sìos an rathad chun a' chidhe.

#### CEISTEAN

1. Ciamar a bha Calum a' faireachdainn?

---

1

2. Dè bha Calum gu bhith a' tòiseachadh an ath latha?

---

1

3. Ainmich **dà** rud a bha Calum airson a dhèanamh aig toiseach an t-samhraidh.

---



---

2

4. Ciamar a bha an aimsir anns na saor-làithean?

---

1

Comharraidhean

5. Dè an rud as motha a bha Calum air a bhith a' dèanamh anns na saor-làithean?

ag iasgach	
a' coimhead telebhisean	
a' cluich air a' choimpiutair	

1

6. Ciamar a bha an aimsir air an latha seo fhèin?

\_\_\_\_\_

1

7. Dè nach b' urrainn do Chalum a chreidsinn?

\_\_\_\_\_

1

8. Ainmich **dà** rud a thug Calum leis.

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

(10)

**[Tionndaidh an duilleag**

## Pàirt 2

Nuair a bha a h-uile rud deiseil, tharraing Calum air còrd an einnsein agus stiùir e an t-eathar a-mach a dh'ionnsaigh an eilein. Chuala e guth athar na inntinn: “Na teirig a-mach gun coimhead air an aimsir.” Ach cha robh ùine aige a-nis agus, co-dhiù, bha latha àlainn ann.

Nuair a ràinig e faisg air an eilean, stad e an t-einnsean 's chuir e a shlat air dòigh. Chuir e iongnadh air nach robh eathraichean eile rim faicinn ach cha b' fhada gus an robh e air bogsa mòr a lionadh le èisg. Dh'fhairich e gaoth fhuar air a chùl 's thug e sùil thar a ghualainn. Le uabhas, chunnaic e gun robh na speuran làn sgòthan dorcha.

Shlaod e air còrd an einnsein ach cha tàinig am fuaim ris an robh e an dùil. Na àite, chuala e brag tàirneanaich. Thug e sùil air tanca a' pheatrail ach cha robh ach boinneagan air fhàgail. Na chabhag sa mhadainn, bha e air an tanca eile fhàgail san t-seada. Thòisich e a' rùrach na bhaga airson am fòn-làimhe ach cha tàinig thuige ach bogsa mhaidseichean. Dh'fheuch e ri stad a chur air an eagal a bha ag èirigh na chridhe. Cha robh càil eile air a shon ach dèanamh air an eilean.

## CEISTEAN

1. Dè bhitheadh athair Chaluim ag ràdh ris?

seacaid-sàbhalaidh a bhith air aig muir	
biadh gu leòr a thoirt leis anns an eathar	
coimhead air an t-sìde mus deigheadh e gu muir	

1

2. Dè rinn Calum nuair a ràinig e faisg air an eilean?

---



---

2

3. Dè an rud a chuir iongnadh air Calum?

---

1

Comharraidhean

4. (a) Carson a thug Calum sùil thar a ghualainn?

\_\_\_\_\_

1

(b) Dè chunnaic e?

\_\_\_\_\_

1

5. Dè am fuaim a chuala Calum?

\_\_\_\_\_

1

6. Dè an **dà rud** nach robh Calum air a thoirt leis?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

7. Càit an robh Calum a' dol?

chun an eilein	
chun a' chidhe	
dhachaigh	

1

(10)

**[Tionndaidh an duilleag**

### Pàirt 3

Bha a' ghaoth air togail gu mòr agus an t-uisge air fàs gu math trom nuair a ràinig an t-eathar an t-eilean. Lorg Calum an uamh a b' fhaisge a bheireadh fasnadh dha gu madainn. Nuair nach nochdadh e aig an taigh, bha fios aige gum fàsadh a mhàthair draghail agus gur e an t-eathar a' chiad rud a thigeadh a-steach air a h-inntinn.

Cha d' fhuair Calum norrag cadail an oidhche fhiadhaich sin ach, mus tàinig a' mhadainn, dh'aithnich e gun robh an stoirm a' sìoladh. Mu dheireadh thall, bhris an latha agus shreap e a-mach às an uaimh. Chunnaic e grunn mhath eathraichean eadar an t-eilean 's an tìr. Dhòirt e na boinneagan peatrail ann an cupa agus las e le maidse iad. Chunnaic e na h-eathraichean a' tionndadh agus a' dèanamh air an eilean. Bha cuideachadh a' tighinn!

Sgaoil gàire air aodann. A dh'aindeoin 's mar a bhitheadh a phàrantan, bhitheadh latha eile aige aig an taigh mus feumadh e tilleadh dhan sgoil!

### CEISTEAN

1. Ciamar a bha an aimsir air atharrachadh?

---



---

2

2. Càit an deach Calum?

---

1

3. Cò aig an taigh a bhitheadh a' fàs draghail?

---

1

4. Dè thuig Calum mus tàinig a' mhadainn?

gun robh an t-uisge air sgur	
gun robh an stoirm gu bhith seachad	
gun robh an latha faisg	

1

*Comharraidhean*

5. Dè rinn Calum leis a' pheatrail?

---

---

2

6. Ciamar a thàinig cuideachadh gu Calum?

---

1

7. Carson a bha Calum toilichte aig deireadh na sgeulachd?

---

---

2

**(10)**

**[30]**

*[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]*

**[DUILLEAG FHALAMH]**



FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

F

Total  
Mark

--

**1220/404**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2011

DIARDAOIN, 26 CÈITEAN  
2.15 PM – 2.45 PM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Bun Ìre  
Èisteachd (Ceistean)

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là	Mìos	Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

Tha dà earrann anns an deuchainn.

**Sanas airson Earrainn A agus Earrainn B.**

Cluinnidh tu earrann.

Èist gu faiceallach.

Leugh na ceistean.

Cluinnidh tu an earrann a-rithist, ann an trì pàirtean, agus na ceistean airson gach pàirt.

Èist gu faiceallach a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa  no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmair na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**



**CEISTEAN**

**Earrann A**

**Pàirt I**

1. Cuin a fhuair Daibhidh an obair?

o chionn mìos	
an-uiridh	
o chionn dà bhliadhna	

1

2. Ainmich **dà** rud a bha e ag iarraidh leis an airgead.

---



---

2

3. Cuin a bha an obair seo a' tòiseachadh?

6.45	
7.15	
7.45	

1

4. Dè bha a' cur dragh air mun seo?

---

1

**Pàirt II**

5. Dè shaoil e den chiad latha aige?

---

1

6. Càit an robh e ag obair?

---

1

7. Dè bha aige ri dhèanamh?

---



---

2

8. Carson a bha eagal air ron chòcaire?

---

1

**[Tionndaidh an duilleag**

**Pàirt III**

9. (a) Dè bha Daibhidh ag iarraidh nuair a bha a' bhraicist seachad?

\_\_\_\_\_

**1**

(b) Cò ris a bha am biadh coltach?

\_\_\_\_\_

**1**

10. Dè an obair a thug an còcaire dha?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**2**

11. Dè cho fad 's a bha e ag obair air sin?

\_\_\_\_\_

**1**

**(15)**

**Earrann B**

**Pàirt I**

1. Ciamar a dh'atharraich Daibhidh inntinn mun obair?

Bha i na bu mhiosa na bha e an dùil	
Cha robh i cho dona 's a bha e an dùil	
Thuig e nach robh còcaireachd idir a' còrdadh ris	

1

2. Cò ris a bha an còcaire coltach?

Laghach agus èibhinn	
Greannach agus grod	
Salach agus crosta	

1

3. Dè dhèanadh an còcaire nuair a bhiodh ùine ann?

\_\_\_\_\_

1

4. Dè bhiodh an còcaire a' dèanamh airson spòrs?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

**[Tionndaidh an duilleag**

**Pàirt II**

5. Cuin a rinn Daibhidh suas inntinn mu obair?

\_\_\_\_\_

**1**

6. Dè nach robh e ag iarraidh a dhèanamh?

\_\_\_\_\_

**1**

7. Dè tha e a' dèanamh ann an Glaschu?

\_\_\_\_\_

**1**

8. Carson a tha sin a' còrdadh ris?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**2**

**Pàirt III**

9. Carson a bhiodh e math do Dhaibhidh obair fhaighinn?

\_\_\_\_\_

1

10. (a) Dè tha e ag iarraidh a dhèanamh?

a dhol dhachaigh	
a dhol a dh'obair ann an taigh-bìdh	
a dhol timcheall an t-saoghail	

1

(b) Dè bhiodh e a' feuchainn an uair sin?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

11. Ciamar a tha e fortanach?

\_\_\_\_\_

1

(15)

[30]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**



# 1220/405

---

TEISTEANAIS      DIARDAOIN, 26 CÈITEAN  
NÀISEANTA      2.15 PM – 2.45 PM  
2011

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Bun Ìre  
Èisteachd (Earrann)

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



(The passage below should be read in approximately 2 minutes.)

## EARRANN A

Tha Daibhidh MacRath a' bruidhinn air prògram rèidio mun obair a rinn e sna saor-làithean.

### Pàirt I

Nuair a fhuair mi obair ann an taigh-òsta mòr, spaideil sa bhaile an-uiridh, cha robh mi cinnteach an robh mi air an rud ceart a dhèanamh. Gun teagamh sam bith, bha mi ag iarraidh airgead airson rudan a cheannach dhomh fhìn: tiogaidean ball-coise, geamaichean coimpiutair, aodach-spòrs agus rudan cudromach eile mar sin. Ach, bha an obair seo a' tòiseachadh aig cairteal gu seachd, agus cha robh mise idir math air èirigh tràth.

### Pàirt II

Air a' chiad latha, cha robh gnothaichean a' còrdadh rium idir. Bha mi ag obair sa chidsin aig àm bracaist agus bha agam ri uighean a bhruich agus tost a dhèanamh aig an aon àm. Bha a h-uile duine eile cho trang agus nach robh ùine aca sùil a chumail air na bha mi a' dèanamh. Bha eagal mòr orm ron chòcaire oir bha coltas gu math greannach air, gu h-àraidh nuair a bhiodh e ag èigheach ann am Fraingis.

### Pàirt III

Nuair a bha a' bhraicist seachad bha mi a' coimhead air adhart ri grèim bidh oir bha am biadh a' coimhead gu math blasta. Cha d' fhuair mi ach glainne uisge mus do thòisich sinn air obair a-rithist. Dh'iarr an còcaire orm buntàta a rùsgadh agus uinneanan a ghearradh agus bha mi ag obair air seo fad dà uair a thìde.

\* \* \*

(After a gap of 2 minutes, read Parts I, II and III and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

### Pàirt I

Nuair a fhuair mi obair ann an taigh-òsta mòr, spaideil sa bhaile an-uiridh, cha robh mi cinnteach an robh mi air an rud ceart a dhèanamh. Gun teagamh sam bith, bha mi ag iarraidh airgead airson rudan a cheannach dhomh fhìn: tiogaidean ball-coise, geamaichean coimpiutair, aodach-spòrs agus rudan cudromach eile mar sin. Ach, bha an obair seo a' tòiseachadh aig cairteal gu seachd, agus cha robh mise idir math air èirigh tràth.

*(10 seconds)*

## CEISTEAN

1. Cuin a fhuair Daibhidh an obair?
  - o chionn mìos, *no*
  - an-uiridh, *no*
  - o chionn dà bhliadhna

*(30 seconds)*

2. Ainmich **dà** rud a bha e ag iarraidh leis an airgead.

*(30 seconds)*

3. Cuin a bha an obair seo a' tòiseachadh?

6.45, *no*

7.15, *no*

7.45

*(30 seconds)*

4. Dè bha a' cur dragh air mun seo?

*(30 seconds)*

## **Pàirt II**

Air a' chiad latha, cha robh gnothaichean a' còrdadh rium idir. Bha mi ag obair sa chidsin aig àm bracaist agus bha agam ri uighean a bhruich agus tost a dhèanamh aig an aon àm. Bha a h-uile duine eile cho trang agus nach robh ùine aca sùil a chumail air na bha mi a' dèanamh. Bha eagal mòr orm ron chòcaire oir bha coltas gu math greannach air, gu h-àraidh nuair a bhiodh e ag èigheach ann am Fraingis.

*(10 seconds)*

## **CEISTEAN**

5. Dè shaoil e den chiad latha aige?

*(30 seconds)*

6. Càit an robh e ag obair?

*(30 seconds)*

7. Dè bha aige ri dhèanamh?

*(30 seconds)*

8. Carson a bha eagal air ron chòcaire?

*(30 seconds)*

**[Tionndaidh an duilleag**

### **Pàirt III**

Nuair a bha a' bhraicist seachad bha mi a' coimhead air adhart ri grèim bìdh oir bha am biadh a' coimhead gu math blasta. Cha d' fhuair mi ach glainne uisge mus do thòisich sinn air obair a-rithist. Dh'iarr an còcaire orm buntàta a rùsgadh agus uinneanan a ghearradh agus bha mi ag obair air seo fad dà uair a thìde.

*(10 seconds)*

### **CEISTEAN**

9. (a) Dè bha Daibhidh ag iarraidh nuair a bha a' bhraicist seachad?

*(30 seconds)*

- (b) Cò ris a bha am biadh coltach?

*(30 seconds)*

10. Dè an obair a thug an còcaire dha?

*(30 seconds)*

11. Dè cho fad 's a bha e ag obair air sin?

*(30 seconds)*

(The passage below should be read in approximately 2 minutes.)

## EARRANN B

Tha Daibhidh fhathast a' bruidhinn mun obair aige.

### Pàirt I

Co-dhiù, mar a chaidh na làithean seachad, thuig mi nach robh an obair idir cho dona 's a bha mi an dùil aig an toiseach. Cha robh an còcaire greannach idir. Bha e glè laghach agus èibhinn agus thug e dhomh leasan nuair a bhiodh ùine againn. Dh'ionnsaich mi tòrr bhuaithe. Airson spòrs, bhiodh e uaireannan a' seinn ann am Fraingis.

### Pàirt II

Nuair a bha na saor-làithean seachad, bha mi air m' inntinn a dhèanamh suas. Bha fhios agam gun robh mi airson barrachd ionnsachadh mu chòcaireachd. Cha robh mi airson tilleadh don sgoil co-dhiù. Fhuair mi àite ann an colaiste ann an Glaschu. Tha mi air a bhith ann airson bliadhna gu leth a-nise, tha an cùrsa gu math inntinneach agus tha deagh charaidean agam cuideachd.

### Pàirt III

Nuair a dh'fhàgas mi a' cholaiste, chan eil mi buileach cinnteach dè nì mi. Bhiodh e math obair fhaighinn sa bhad bho nach eil airgead agam ach tha ùidh agam ann an siubhal. Tha mi airson a dhol timcheall an t-saoghail agus biadh de gach seòrsa fheuchainn aig an aon àm. Tha mi gu math fortanach gu bheil roghainn mar sin agam!

\* \* \*

(After a gap of 2 minutes, read Parts I, II and III and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

### Pàirt I

Co-dhiù, mar a chaidh na làithean seachad, thuig mi nach robh an obair idir cho dona 's a bha mi an dùil aig an toiseach. Cha robh an còcaire greannach idir. Bha e glè laghach agus èibhinn agus thug e dhomh leasan nuair a bhiodh ùine againn. Dh'ionnsaich mi tòrr bhuaithe. Airson spòrs, bhiodh e uaireannan a' seinn ann am Fraingis.

*(10 seconds)*

### CEISTEAN

1. Ciamar a dh'atharraich Daibhidh inntinn mun obair?

Bha i na bu mhiosa na bha e an dùil, *no*

Cha robh i cho dona 's a bha e an dùil, *no*

Thuig e nach robh còcaireachd idir a' còrdadh ris

*(30 seconds)*

2. Cò ris a bha an còcaire coltach?

Laghach agus èibhinn, *no*

Greannach agus grod, *no*

Salach agus crosta

*(30 seconds)*

3. Dè dhèanadh an còcaire nuair a bhiodh ùine ann?

*(30 seconds)*

4. Dè bhiodh an còcaire a' dèanamh airson spòrs?

*(30 seconds)*

## **Pàirt II**

Nuair a bha na saor-làithean seachad, bha mi air m' inntinn a dhèanamh suas. Bha fhios agam gun robh mi airson barrachd ionnsachadh mu chòcaireachd. Cha robh mi airson tilleadh don sgoil co-dhiù. Fhuair mi àite ann an colaiste ann an Glaschu. Tha mi air a bhith ann airson bliadhna gu leth a-nise, tha an cùrsa gu math inntinneach agus tha deagh charaidean agam cuideachd.

*(10 seconds)*

## **CEISTEAN**

5. Cuin a rinn Daibhidh suas inntinn mu obair?

*(30 seconds)*

6. Dè nach robh e ag iarraidh a dhèanamh?

*(30 seconds)*

7. Dè tha e a' dèanamh ann an Glaschu?

*(30 seconds)*

8. Carson a tha sin a' còrdadh ris?

*(30 seconds)*

### **Pàirt III**

Nuair a dh'fhàgas mi a' cholaiste, chan eil mi buileach cinnteach dè nì mi. Bhiodh e math obair fhaighinn sa bhad bho nach eil airgead agam ach tha ùidh agam ann an siubhal. Tha mi airson a dhol timcheall an t-saoghail agus biadh de gach seòrsa fheuchainn aig an aon àm. Tha mi gu math fortanach gu bheil roghainn mar sin agam!

*(10 seconds)*

### **CEISTEAN**

9. Carson a bhiodh e math do Dhaibhidh obair fhaighinn?

*(30 seconds)*

10. (a) Dè tha e ag iarraidh a dhèanamh?

a dhol dhachaigh, *no*

a dhol a dh'obair ann an taigh-bidh, *no*

a dhol timcheall an t-saoghail

*(30 seconds)*

(b) Dè bhiodh e a' feuchainn an uair sin?

*(30 seconds)*

11. Ciamar a tha e fortanach?

*(30 seconds)*

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**